

# ATLAS Arts

Plana Gàidhlig

2023-2028

A' cur taic ri

Plana Nàiseanta na Gàidhlig



## Ro-ràdh

Mar Stiùiriche Ealain ATLAS Arts, tha e na thoileachas mòr dhomh a' chiad phlana nàiseanta a chur fo ur comhair.

Ged nach eil dleastanas laghail oirnn a leithid a chur ri chèile fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha e air a bhith na phròiseas phrìseil dhan sgioba agus dhan Bhòrd, a leig leinn seata de ghnìomhan feumail aontachadh airson ar n-obair san àm ri teachd a neartachadh. Tha e air a bhith na chuideachadh dhuinn a bhith a' mìneachadh agus ag aithneachadh farsaingeachd na h-obrach anns a bheil sinn mar-thà an sàs agus mar a tha sinn a' togail cheanglaichean ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, ann an glèidheadh agus ag aithneachadh na Gàidhlig agus a' chultair.

Tha Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig air an snìomh an lùib obair ATLAS Arts. Tha sinn a' creidsinn gu bheil àite cudromach aig na h-ealain ann a bhith a' cumail taic ri coimhearsnachd Ghàidhlig tro bhith a' tabhann àiteachan airson chòmhradhean agus ionnsachadh taobh a-muigh àiteachan-ionnsachaidh agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, le bhith a' cruthachadh dòighean ùra eachdraidh agus dualchas na Gàidhlig a thaisbeanadh air feadh an t-saoghail, agus ag aiseag chòmhradhean mun chànan dhan àm ri teachd.

Tha ionnsachadh agus co-roinn cultar na Gàidhlig, a' chànan, an àite agus na h-eachdraidh a' gabhail àite nar n-obair, tro cho-obrachadh aig ìre choimhearsnachd, pròiseactan cruthachail agus leasachaidhean ann am modhan-obrach ealain. Tha sinn den bheachd gun tèid càirdeas a thogail agus cultar a chuimhneachadh tro bhàrdachd, obair-ealain, leabhraichean, sgrìobhadh ùr, filmichean ùra, tasglannan, foghlam eadar-dhealaichte, cultar dùthchasach, cruinneachaidhean agus cruthachalachd. 'S urrainnear smaoineachadh air dòighean anns am bi cànan agus cultar a' sìor dhol am meud ann an iomadachd dòigh tro ealain.

Tha am Plana seo a' mìneachadh an structair fhoirmeil anns an tèid an taic seo a chur an gnìomh, le beachdan ùra agus clàran-ama airson ar cumail ris. Nì sinn fiughair ri breithneachadh agus cnuasachadh air na h-amasan fhad 's a bhios sinn gan lìbhrigeadh, agus a' togail air ionnsachadh ùra, gus an tèid againn air cur ri beartas a' chànan agus a' chultair anns an Eilean Sgitheanach, Ratharsair agus Loch Aillse – agus fiù 's nas fharsainge.

Ainslie Roddick  
Stiùiriche Ealain, ATLAS Arts

## Clàr-inns

### e

CÒ SINN.....	4
AR SEALLADH.....	4
AR POILEASaidH Gàidhlig.....	4
NA BHIOS SINN RIS.....	5
CÀIT A BHEIL SINN?.....	6
COM-PÀIRTEACHADH AGUS CO-OBRAChADH.....	7
AR SEALLADH AIRSON NA Gàidhlig aig ATLAS ARTS.....	7
PLANA NÀISEANTA NA Gàidhlig.....	7
SGRÙDADH SGILEAN AN SGIObA.....	8
CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR A' PHLANA.....	8
SPÈIS CHO-IONANN.....	8
COTHROM FOLLaiseACH.....	8
ÀBHAISTEACHADH.....	8
ÀRD-AMASAN.....	8
AMASAN A BHARRACHD.....	10
TORaidHEAN NÀISEANTA RIAGHALTAS NA H-ALBA.....	14
A' FOILLSEACHADH AGUS A' SGAOILEADH A' PHLANA.....	16
LÀN-UALLACH AIRSON A' PHLANA.....	18
UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA.....	18
BUIDHEANN COILEANAIDH AGUS DEARCNACHAIDH A' PHLANA.....	18
COM-PÀIRTEACHAS SAN SGIObA.....	18
BUIDHNEAN LETH-CHEANGAILTE AGUS BUIDHNEAN EILE A THA NAN TREAS PARTAIDH.....	18

## 1. RO-RÀDH

### CÒ SINN

Bidh ATLAS Arts a' cur air dòigh pròiseactan ealain air feadh an Eilein Sgitheanaich, Ratharsair agus Loch Aillse. Bidh sinn ag obair mar phàirt den choimhearsnachd gus taic a chumail ri sreath de phròiseactan fad-ùine, pròiseactan foghlaim, tachartasan, cothroman air mhuinntireas, cothrom biadh a ghabhail còmhla, bùithtean-obrach agus cothroman a bhith a' sgaoileadh eòlais.

Bidh sinn a' toirt còmhla daoine is beachdan, agus a' cruthachadh ghoireasan – le aire air neartachadh choimhearsnachdan tro mhodhan-obrach chruthachail. Bidh sinn a' cruthachadh agus a' co-roinn ealain, a' giùlain beartas eòlais cultair na sgìre tro na daoine, na sgeulachdan, agus iomadh dòigh eile, gus an cuir sinn ris an t-saoghal ealanta anns a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan. Tro chom-pàirteachaidhean ionadail, tha cothrom againn freumhan fad is farsaing fhàs agus bidh sinn a' cumail ri luachan anns a bheil ceartas sòisealta agus saoghal cothromach is spòrsail do gach neach cudromach.

'S e carthannas clàraichte ann an Alba a th' ann an ATLAS Arts agus companaidh gun phrothaid a tha earranta le barantas. 'S e sgioba beag a th' annainn fo stiùir Bòrd Urrasairean saor-thoileach agus an Stiùiriche Ealain.

### AR SEALLADH

'S e ar lèirsinn gum bi saoghal againn far a bheil fèill mhòr ga cur air diofar dhòighean smaoineachaidh, tighinn beò agus cruthachadh. Saoghal far a bheil cothrom aig gach duine eòlas a chur air ealain mar rud buadh-mhor den bheatha agus den ionnsachadh aca. Saoghal far a bheil luach ga chur air ealain airson mar a chuireas e ri modhan ath-nuadhachaidh, agus mar a cheasnaicheas e cùisean mar a tha iad, gus am faigh luchd-ealain pàigheadh airson ùine gus feuchainn, fàilligeadh, agus co-roinn.

Anns an eaconamaidh seo a tha a' fàs, tha luach ga chur air iomadh seòrsa obrach, agus tha cothrom aig a h-uile duine air an eòlas agus air na goireasan a nì beatha nas fheàrr dhaibh. Tha àiteachan cultarail fosgailte agus beòthail, air an cur air dòigh còmhla ri agus airson nan coimhearsnachdan ionadail. Tha slàinte agus sunnd gach creutair is gnè, am fearann agus an àrainneachd aig cridhe gach co-dhùnadh.

### AR POILEASaidh Gàidhlig

Mar sgioba, agus mar bhuill den choimhearsnachd, tha sinn glè mhothachail air cho cudromach 's a tha cànan is cultar na Gàidhlig mar phàirt riatanach de bheatha an Eilein Sgitheanaich, Ratharsair agus Loch Aillse.

Aig cridhe ar n-obair, tha an deòin ann àiteachan is cothroman a chruthachadh airson rannsachadh, ionnsachadh, glèidheadh, mealladh is meòrachadh air Gàidhlig san àm ri teachd le measgachadh de dhaoine air feadh na Gàidhealtachd – agus nas fharsainghe. Ag aithneachadh na dreuchd againne anns na h-ealain, tha sinn airson a bhith a’ cur ris a’ chòmhradh seo ann an dòigh bhrìghmhor, fheumail agus gu coimhearsnachd fhallain de luchd-labhairt na Gàidhlig, tro no modhan-obrach cruthachail againn. ’S urrainn dhuinn àite is cothrom a thabhann do dhaoine an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an dòighean neo-fhoirmeil aig tachartasan, a’ togail misneachd, a’ co-roinn dhualchainntean is briathrachas ionadail, gun a bhith an lùib ionnsachadh foirmeil. Tha sinn ag amas, tron Phlana seo, meas a chur air na cothroman sin agus an leudachadh.

Bidh sinn ag obair a rèir amasan a’ Phlana seo, a’ cumail sùil air adhartas leis an sgioba agus leis a’ Bhòrd gach bliadhna.

## NA BHIOS SINN RIS

Tha sinn a’ tabhann prògram measgaichte de phròiseactan fad-ùine, taisbeanaidhean, cruinneachaidhean, pròiseactan foghlaim eile, cothroman air mhuinntireas, cothroman biadh a ghabhail còmhla, bùithtean-obrach is cothroman a bhith a’ sgaoileadh eòlais – ann an tallachan baile, làraichean àrc-eòlach, sgoiltean, am blàr a-muigh agus àiteachan eile.

Bhon a thòisich ATLAS Arts ann an 2010, tha sinn air fàs gus prògram a tha aithnichte gu h-ionadail is gu eadar-nàiseanta a chruthachadh, tro phròiseactan thar eileanan, àite is coimhearsnachdan. Eadar 2010 agus 2021, tha sinn air obrachadh còmhla ri còrr is 800 neach-ealain, taic a chumail ri 1,200 tachartasan, co-obrachadh le 11,000 neach agus dèiligeadh ri luchd-cleachdaidh de chòrr is 42,000.

Bha e riamh na amas dhuinn a bhith ag obair ann an dòigh a bhiodh freagarrach don sgìre. Tha sinn air seo a leasachadh leis an làraich-lìn ùir san dà chànan agus cothrom air mhuinntireas le Tobar an Dualchais, agus le cho tarraingeach ’s a tha an stiùidio fosgailte airson leabhar a chruthachadh. Tha an uidheamachd againn airson cinema coimhearsnachd air a chleachdadh gu tric le buidhnean coimhearsnachd - a’ leudachadh chothroman air film air feadh an Eilein.

Am measg nam pròiseactan a bh’ againn agus a tha a’ leantainn, tha:

### **CLIMAVORE: Raointean Sruth na Mara (2016–22)**

Ann an 2016, thòisich ATLAS Arts agus dithis luchd-ealain bho Cooking Sections (Daniel Fernández Pascual agus Alon Schwabe), beachdachadh air a’ cheist “Ciamar a tha na dh’itheas sinn a’ toirt buaidh air a’ ghnàth-shìde?” Bhon chur air bhog ann an 2018 gu 2021, tha iomadh tachartas agus cothrom ithe còmhla air gabhail àite aig Bòrd Eisir a chaidh a thogail a dh’aona ghnothaich shìos air an t-Slìgneach, ann am Port Rìgh, airson cnuasachadh chuspairean a leithid raointean eadar-thràghaidh agus tuathanachas uisge ath-ghineach.

Chruthaich am pròiseact seo – a chaidh a mholadh airson Duais Turner – bùithtean-obrach sgoile, prògram preantasachd ann an taighean-bìdh ionadail, leabhar reasabaidhean, dà chothrom air mhuinntireas, sreath de thaisbeanaidhean film, cuairtean agus òraidean. Tha am

prògram leantainneach seo air com-pàirteachaidhean ionadail a neartachadh agus a ghlèidheadh agus air dòighean-obrach na buidhne a leasachadh. Tha e na adhbhar moit gu bheil am pròiseact seo - a chaidh a chruthachadh le ATLAS Arts le amas a bhith seasmhach agus fàs gu neo-eisimeileach - a-nise le dà dhreuchd bhuan ionadail stèidhichte fo sgàil CLIMAVORE CIC.

### **Sgoil nan Amannan rin Teachd (2020–leantainneach)**

*“Through talking, thinking, making, experiencing and grieving these subjects, we have developed a community of people dedicated to working with each other and the land towards a more harmonious world.”* —Emmie McLuskey, SoPF lead artist.

‘S e dòigh sgaoilidh ùr, eadar-dhealaichte a th’ ann an Sgoil nan Amannan ri Teachd, airson òigrìdh an Eilein Sgitheanaich, Ratharsair is Loch Aillse. Fo stiùir Emmie McLuskey, thàinig buidheann de dh’ochdnar (eadar aois 16-25) cruinn còmhla le lìonra de 30 com-pàirtiche (luchd-ealain, luchd-iomairt, croitearan, tasglannaichean is sgrìobhadairean) airson cnuasachadh air cuspairean co-cheangailte mar ana-ceartas na gnàth-shìde, staing an taigheadais agus a’ Ghàidhealtachd san àm ri teachd.

Àite air leth chudromach don òigrìdh ionadail airson tighinn còmhla agus còmhradh a chumail air na cuspairean seo a tha cho mòr a’ buntainn ri beatha air a’ Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, thòisich an sgoil air-loidhne agus an uair sin ghluais i gu cruinneachaidhean ann an tallachan baile, achaidhean agus fiù ’s air an tràigh fhèin. Chaidh seiseanan eadar-obrachail a chumail air seinn, filmeadaireachd, breithneachadh mhapaichean, aona-chlò-bhualadh; taisbeanaidhean film mu choimhearsnachd, tìr, iomairtean gnàth-shìde, slàinte-inntinn agus slàinte is an t-àm ri teachd; òraidean mu choimhearsnachd, deagh-ghean, dì-cholonachd, is modhan-obrach ealain; tursan gu dam-uisge coimhearsnachd, àiteachan cultarail, cuairtean le stiùireadh agus leughadh bàrdachd.

### **Dàn Fianais (2020–22)**

*“This is an important film which I hope will generate further discussion on the multiple crises facing the Gàidhealtachd now. If you can, please do go along, watch, consider, and join the debate.”* —Iain MacKinnon, Dàn Fianais contributor.

‘S e film mun Eilean Sgitheanach is Loch Aillse agus cuid den luchd-còmhnaidh - chan e a-mhàin mac an duine - a th’ ann an Dàn Fianais. Ann an com-pàirteachas ùr, chaidh a choimiseanadh le ATLAS Arts agus Skye Climate Action, le neach-ealain Anndra Black a’ riochdachadh an fhilm ann an co-bhanntachd le còrr is seasgad neach aig a bheil ceanglaichean dhan Eilean is Loch Aillse. Chaidh bùithtean-obrach, òraidean is còmhraidhean a chumail le luchd-ciùil bhon sgìre, luchd-ealain, sgoilearan nan Amannan ri Teachd, seanchaidhean, eòlaichean beul-aithris is luchd-foghlaim, mar phàirt den rannsachadh, ‘s iad uile a’ toirt iomradh air an àite agus a’ chultar aca - a bharrachd air a bhith ga ath-chruthachadh agus ga ath-bheothachadh.

Chaidh am film a dhèanamh tro ghlasadh COVID-19 agus am measg staing na gnàth-shìde, agus tha e a’ toirt guth dha na diofar dhòighean anns a bheil beatha ag atharrachadh anns an

Eilean. Tha e a' comharrachadh cuid de na dòighean cultarail a tha cha mhòr air a dhol à bith agus iadsan a tha a' maireann, agus tha e mar chuireadh beachdachadh air iomadh dòigh a bhith a' dol air adhart còmhla. Chaidh a chur air bhog le taisbeanaidhean air feadh an Eilein agus Loch Aillse a bha làn, agus bidh sinn fhathast ga thaisbeanadh do luchd-amhairc ionadail is luchd-tadhail.

## CÀIT A BHEIL SINN?

Tha sinn stèidhichte ann am Port Rìgh ach bidh sinn ag obair air feadh an Eilein, Ratharsair agus Loch Aillse. Le 270,656 heactair agus slugh de 15,000, 's e sgìre mhòr a th' ann, air a ceangal le bàta, drochaid, Gàidhlig, sgeulachdan, cultar agus coimhearsnachdan.

Tha na pròiseactan againn freumhaichte anns an sgìre fhèin agus a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan nas fharsainge, a' dèiligeadh ri eachdraidh is àm ri teachd, gnàth-shìde agus eag-eòlas, dùbhlannan is cothroman, agus na sgilean is an t-eòlas a th' aig na daoine a chanas 'mo dhachaigh' ris an àite seo. Bidh sinn ag obair a dh'aona-ghnothaich gun àite stèidhichte, ann an iomadh àite a rèir a' phròiseict, a' cruthachadh cothroman a dhol an sàs ann an ealain is cultar air feadh nan sgìrean sgapte dùthchail is costa a tha seo.

Tha cruinn-eòlas is eòlas-sluaigh na Gàidhealtachd 's nan Eileanan a' cruthachadh dhùbhlannan sònraichte agus feumaidh buidhnean cultarail oidhirp mhòr a dhèanamh airson dearbhadh gu bheil iad a' riochdachadh guthan na sgìre anns na prògraman sòisealta, cultarail agus ealain a chuireas iad air dòigh, agus gu bheil cothroman nan lùib airson, agus còmhla ri, òigridh ionadail.

## COM-PÀIRTEACHADH AGUS CO-OBACHADH

Mar bhuidheann ealain bheag dhùthchail 's ann tro chom-pàirteachas a tha sinn comasach air prògram cho measgaichte a libhrigeadh. Le bhith ag obair san dòigh seo, tha cothrom againn pròiseactan ciallach, buadh-mhor is fad-ùine a chur air bhog is a leasachadh, a chruthaicheas luchd-cleachdaidh ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta; a bhrosnaicheas com-pàirteachas am measg iomadach seòrsa duine agus a chruthaicheas cothroman air leth don luchd-ealain fhèin.

Tha e riatanach airson seasmhachd na buidhne gun aithnich sinn agus gun cuir sinn luach anns a' chom-pàirteachas shònraichte a th' againn le buidhnean agus co-obrachaidhean eile air feadh na sgìre.

## AR SEALLADH AIRSON NA GÀIDHLIG AIG ATLAS ARTS

Aig cridhe na ro-innleachd 2023-26, tha deòin àiteachan a chruthachadh airson cnuasachadh, ionnsachadh, glèidheadh, comharrachadh agus beachdachadh air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan san àm ri teachd, le measgachadh de dhaoine bho air feadh na Gàidhealtachd.

Tha e na phrìomh amas dhuinn taic a chumail ri còmhraidhean le luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus àite a chruthachadh airson bruidhinn gu sònraichte air gnothaichean a bhuineas agus bheir buaidh air coimhearsnachdan ionadail, agus togail

dhàimhean le cànan is cultar na Gàidhlig, a bharrachd air tuilleadh sgrùdaidh agus taic airson na h-ealain lèirsinneach Gàidhlig agus na tha seo a' ciallachadh do luchd-ealain san latha an-diugh.

Tachraidh seo thar a' phrògram againn mar shnàithlean nàdarra, tro fhoillseachadh, cothrom air mhuinntireas, breithneachadh ealain, agus àiteachan airson chòmhradh, a bharrachd air ceanglaichean le daoine agus beachdan bho dhiofar bhuidhnean.

## PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha ATLAS Arts a' toirt taic dhan amas sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 "gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean."

Tha sinn air cur romhainn an t-amas sin a choileanadh le bhith a' toirt prìomhachas do na trì cinn seo nar n-obair: -

- A' cleachdadh barrachd Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig nas trice nuair a tha gnothach aca rinn no ri ar seirbheisean
- A' cruthachadh barrachd chothroman do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den obair làitheil againn
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig nuair as urrainn dhuinn mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

## SGRÙDADH SGILEAN AN SGIOPA

Bha e na cheum chudromach dhuinn ann a bhith a' cruthachadh a' Phlana seo, sgrùdadh a dhèanamh air sgilean agus comasan cànan an sgioba agus a' Bhùird. Chur sinn suirbhidh beag air dòigh air an son mu dheidhinn an cuid chomasan fhèin, mun eòlas a fhuair iad tro thrèanadh agus mothachadh na Gàidhlig, agus na beachdan aca mu dheidhinn Plana Gàidhlig a leasachadh agus a libhrigeadh.

Bha sinn toilichte gun tàinig freagairt bho 87% den sgioba air fad. Bha cuid aig an robh beagan fhaclan, ach aig an ìre sa chan eil duine air an sgioba a mheasadh iad fhèin mar neach-labhairt na Gàidhlig. Ach bha 93% deònach an cothrom fhaighinn.

Thèid sgrùdadh a chumail co-dhiù aon turas tro bheatha a' Phlana seo agus tha barrachd fiosrachaidh mun sgrùdadh ri leughadh ann an Cùl-phàipear 1.

## CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR A' PHLANA



Chaidh co-chomhairleachadh a chumail leis an sgioba, leis a' Bhòrd agus an uair sin le luchd-ùidh na buidhne. Nam measg bha Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean ealain nas bige a leithid SEALL agus Fèisean nan Gàidheal.

Chaidh an dreach phlana air an làraich-lìn agus dhan chuairt-litir gus aire a' mhòir-shluaigh a tharraing thuige. Gheibhear barrachd fiosrachaidh ann an Cùl-phàipear 2.

## 2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

### SPÈIS CHO-IONANN

Nì sinn cinnteach gum bi an obair a tha sinn a' tabhann ann an Gàidhlig aig an aon ìre agus dhen aon chàileachd 's a tha an obair a bheir sinn seachad ann am Beurla.

### COTHROM FOLLAISEACH

Nì sinn cinnteach gu bheil e a cheart cho furasta cothrom fhaighinn air na prògraman agus tachartasan Gàidhlig againn agus a tha e na tachartasan Beurla againn fhaotainn.

### ÀBHAISTEACHADH

Nì sinn cinnteach gum bi cothrom Gàidhlig sam bith airson luchd-obrach agus luchd-cleachdaidh air an àbhaisteachadh, mar thaic dhan Phlana Cànain Nàiseanta.

## 3. MIANN A' PHLANA

Tha Bòrd na Gàidhlig ag amas is gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am farsaingeachd shuidheachaidhean. Tha sinne, aig ATLAS Arts, air na h-àrd-amasan a leanas aontachadh, a chuireas taic ri cleachdadh cànain agus ionnsachadh cultarail:

### ÀRD-AMASAN

Àrd-amas	A' Cleachdadh na Gàidhlig
Toraidhean	Cuir taic ri còmhraidhean le luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus cruthaich àiteachan airson deasbad nas mionaidiche air cùisean a tha mu choinneamh choimhearsnachdan ionadail, a' togail dhàimhean le cànain is cultar na Gàidhlig, a bharrachd air tuilleadh com-pàirteachas breithneachail agus taic do dh'ealain lèirsinneach na Gàidhlig agus na tha seo a' ciallachadh do luchd-ealain an latha an-diugh.
Gnìomhan	1. Dèan cinnteach gu bheil àiteachan deasbaid air am fighe a-steach don phrògram bhliadhnail airson ATLAS Arts. 2. Luchd-labhairt òg na Gàidhlig ga bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail ann am prògraman Sgoil nan Amannan ri Teachd agus prògraman eile gach bliadhna. 3. Maoineachadh ga dhearbhadh airson Mhuinntireas Gàidhlig Thobar an

	<p>Dualchais gach bliadhna.</p> <p>4. Co-òrdanachadh agus co-obrachadh air tachartasan, cruinneachaidhean, agus àiteachan a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig agus ionnsachadh cultar na Gàidhlig am measg luchd-labhairt na Gàidhlig nar coimhearsnachdan</p> <p>5. Brosnaich tachartasan a chleachdas sgilean agus comasan luchd-labhairt na Gàidhlig nar modhan-obrach ealain.</p> <p>6. Leudachadh air an obair cho-obrachail le luchd-ealain air chuairt ann an tachartasan Gàidhlig agus cultarail.</p>
Ceann-là	Rè a' Phlana, gach bliadhna
Uallach	Stiùiriche Ealain

<b>Àrd-amas</b>	<b>Ag ionnsachadh na Gàidhlig</b>
Toraidhean	Nochdaidh sinn ar dealas a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig le bhith a' tabhann chothroman do gach neach-obrach Gàidhlig ionnsachadh, le bhith a' toirt a-steach Gàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh do luchd-obrach ùr agus le bhith a' lìbhrigeadh sheiseanan Mothachadh Gàidhlig thar na buidhne airson gach bliadhna den phlana. Bithear a' brosnachadh an fheadhainn le Gàidhlig a bhith ga cleachdadh agus daoine eile a bhrosnachadh gus abairtean sìmplidh a thogail agus mothachadh a thogail san fharsaingeachd taobh a-staigh an sgioba is còmhla ri co-obraichean.
Gnìomhan	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Cruthaich àite, airgead agus ùine do dhuine sam bith san sgioba a tha airson am mothachadh, an comas agus an tuigse air a' Ghàidhlig a leasachadh.</li> <li>2. Thèid an fheadhainn le beagan sgilean cànan a bhrosnachadh gus cleachdadh làitheil na Gàidhlig san àite-obrach a bhrosnachadh.</li> <li>3. Bidh a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh san àite-obrach le bhith a' cleachdadh abairtean sìmplidh nar n-obair làitheil agus aig coinneamhan Bùird.</li> </ol>
Ceann-là	<p>Leabhar-làimhe an luchd-obrach ùrachadh - Faoilleach 2023</p> <p>Comas sa Ghàidhlig - Leantainneach fad beatha a' Phlana</p> <p>Barrachd co-obrachaidh - leantainneach</p>
Uallach	Stiùiriche Ealain agus Manaidsear Eaconamaidhean

<b>Àrd-amas</b>	<b>A' cur adhart a' Ghàidhlig</b>
Toraidhean	A' dol an sàs, a' planadh, a' dèanamh agus a' lìbhrigeadh thachartasan cultarail Gàidhlig air feadh an Eilein Sgitheanaich, Ratharsair agus Loch Aillse, tro cho-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile.
Gnìomhan	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Dèan sgrùdadh air na cothroman a th' ann airson dreuchd le Gàidhlig riatanach gus cur ri structar an sgioba a th' ann an-dràsta.</li> <li>2. Co-obrach le com-pàirtichean eile air co-thachartasan agus cuirmean.</li> <li>3. Brosnaich gu for-ghnìomhach tachartasan is pròiseactan Gàidhlig nuair a thathar a' planadh phrògraman bliadhna.</li> </ol>
Ceann-là	<p>Dreuchd Riochdaire - An Dùbhlachd 2024</p> <p>An còrr - leantainneach</p>
Uallach	Stiùiriche Ealain agus Riochdaire

Àrd-amas	A' cur air adhart a' Ghàidhlig
Toraidhean	Brosnaich a' Ghàidhlig ann am bàrdachd, obraichean ealain, leabhraichean, sgrìobhadh ùr, film ùr, tasglannan, pròiseactan foghlaim eile, cultar dùthchasach agus cruthachalachd.
Gnìomhan	1. Meudaich an àireamh de chothroman airson fàs sna h-ealain Ghàidhlig, a' cleachdadh measgachadh de mheadhanan agus ann an com-pàirteachas le luchd-ealain agus luchd-cruthachaidh le Gàidhlig.
Ceann-là	Leantainneach
Uallach	Uile

Àrd-amas	A' cur air adhart a' Ghàidhlig
Toraidhean	Dèan rannsachadh agus leasachadh air leabhar chloinne ùr Gàidhlig, a' co-obrachadh le neach-ealain lèirsinneach san Eilean Sgitheanach agus a' cruthachadh bòrd-sgeulachd le clann an Eilein fhèin. Is e am prìomh amas sgeulachd a leasachadh còmhla ri dealbhan lèirsinneach a tha a' riochdachadh luchd-labhairt an latha an-diugh, a' cur ri tuigse nas fheàrr air cànan is cultar na Gàidhlig an latha an-diugh, a tha a' gabhail a-steach iomadachd guth agus cleachdadh.
Gnìomhan	1. Cuir bùthan-obrach air dòigh mu thimcheall an Eilein Sgitheanaich, Ratharsair agus Loch Aillse le clann-sgoile eadar aois 4-11 gus cuideachadh le rannsachadh agus leasachadh an leabhair. 2. Co-obraich le neach-ealain lèirsinneach san Eilean Sgitheanach agus bòrd-sgeulachd còmhla ri clann an Eilein fhèin. 3. Leabhar Gàidhlig na cloinne fhoillseachadh, le taic bho Chomhairle nan Leabhraichean agus buidhnean iomchaidh eile.
Ceann-là	An Cèitean 2024
Uallach	Riochdaire

## AMASAN A BHARRACHD

A bharrachd air na h-amasan àrd-ìre, feumaidh ùghdarrasan poblach amasan corporra a choileanadh cuideachd. Tha sinne air coimhead air na h-amasan corporra sin agus an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith nam buannachd dhuinne agus do ar coimhearsnachdan a thogail às. Far an deach an cleachdadh, chùm sinn ri na cinn stèidhichte, ach chaidh na toraidhean atharrachadh a rèir comasan na buidhne.

## A' CONALTRADH RIS A' MHÒR-SHLUAIGH

Toraidhean	<b>Brosnachadh</b> Bidh teachdaireachdan a tha an-còmhnaidh a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig air an ath-aithris gu cunbhalach.
Gnìomhan a dh'ith	Barrachd comas Gàidhlig taobh a-staigh an sgioba, dreuchdan meadhanan sòisealta a' brosnachadh conaltradh sa Ghàidhlig bho luchd-cleachdaidh, a bharrachd air san oifis agus sanasan thachartasan
Ceann-là	An Dùbhlachd 2024

Coileanaidh	
Uallach	Stiùiriche Ealain agus Neach-taic prògram

<b>Toraidhean</b>	<b>Conaltradh Sgrìobhte</b> Bidh sinn an-còmhnaidh a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt seachad sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheann.
Gnìomhan a dh'ìth	Barrachd comas Gàidhlig taobh a-staigh an sgioba, gus cothrom a thoirt don phoball fios a chur thugainn sa Ghàidhlig.
Ceann-là Coileanaidh	An Dùbhlachd 2027
Uallach	Stiùiriche Ealain

<b>Toraidhean</b>	<b>Fàilteachas agus fòn</b> Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, tha iad a' faighinn taic gus sin a dhèanamh, agus tha an t-seirbheis air a bhrosnachadh don phoball. Mura h-eil luchd-obrach ann airson seo a lìbhrigeadh, thèid comas a thogail thar ùine tro thrèanadh agus fastadh.
Gnìomhan a dh'ìth	Ged nach eil ionad-fàilte againn, agus a' mhòr-chuid den chiad chonaltradh againn a' tachairt gu dealanach, nì sinn cinnteach gun tèid beachdachadh air mar as fheàrr a chumas sinn oirnn a' toirt taic don Ghàidhlig sa cho-theacsa sin
Ceann-là Coileanaidh	Rè beatha a' Phlana
Uallach	Stiùiriche Ealain

<b>Toraidhean</b>	<b>Tachartasan poblach</b> Bidh sinn a' rannsachadh agus a' brosnachadh chothroman gus tachartasan poblach a chumail san dà chànan no sa Ghàidhlig gu cunbhalach.
Gnìomhan a dh'ìth	1. Dèanamh cinnteach gun tèid tachartasan Gàidhlig is dà-chànanach a leasachadh mar phàirt den phrògram thachartasan againn tro cho-obrachadh a bharrachd le luchd-ealain, luchd-cruthachaidh, pròiseactan agus buidhnean Gàidhlig eile, gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.
Ceann-là Coileanaidh	Gach bliadhna
Uallach	Riochdaire

## FIOSRACHADH

<b>Toraidhean</b>	<b>Brathan-naidheachd</b> Tha brathan-naidheachd iomchaidh agus gach brath naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air an cuairteachadh an dà chuid sa Ghàidhlig
-------------------	--

	agus sa Bheurla.
Gnìomhan a dhìth	1. Meudaichidh sinn ar n-oidhirpean gus Gàidhlig a thoirt a-steach ann am brathan-naidheachd, foillseachaidhean agus cothroman labhairt poblach. 2. Lorgaidh sinn taic-airgid a bharrachd gus taic a thoirt do bharrachd eadar-theangachaidh
Ceann-là Coileanaidh	Leantainneach
Uallach	Manaidsear Eaconamaidhean (maoineachadh)

<b>Toraidhean</b>	<b>Na Meadhanan Sòisealta</b> Susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, ag obair a dh'ionnsaigh mheadhanan sòisealta a tha a' sìor fhàs dà-chànanach.
Gnìomhan a dhìth	1. Tha sinn ag amas air barrachd susbaint a sholarachadh san àm ri teachd aon uair 's gum bi na sgilean againn a tha rim faotainn taobh a-staigh an sgioba. Aig an aon àm, obraichidh sinn le eadar-theangairean, agus bidh sinn ag eadar-theangachadh a rèir na h-ìre ionnsachaidh againn fhèin, nuair a bhios sin iomchaidh agus nuair a cheadaicheas buidseatan.
Ceann-là Coileanaidh	Leantainneach
Uallach	Rianaire Phrògraman

<b>Toraidhean</b>	<b>Làrach-lìn</b> Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri faotainn air làrach-lìn na buidhne, le cuideam ga chur air na duilleagan aig a bheil an ruigsinneachd as àirde
Gnìomhan a dhìth	1. Eadar-theangaich am fiosrachadh as ùire ga luchdachadh suas chun na làraich-lìn, a' gabhail a-steach prìomh phròiseactan.
Ceann-là Coileanaidh	An Lùnastal 2023
Uallach	Rianaire Phrògraman

<b>Toraidhean</b>	<b>Foillseachaidhean Corporra</b> A' nochdadh ann an Gàidhlig agus Beurla, far a bheil sin iomchaidh
Gnìomhan a dhìth	1. Leanaidh sinn oirnn a' sireadh cothroman gus co-obrachadh le com-pàirtichean gus stuthan corpais a chruthachadh leithid nan cairtean cluiche Gàidhlig, agus leabhraichean, a chaidh a sgaoileadh gu sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig air feadh na dùthcha.
Ceann-là Coileanaidh	An Cèitean 2025
Uallach	Stiùiriche Ealain

<b>Toraidhean</b>	<b>Cànan</b> Tha pròiseas na àite gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd na Gàidhlig
-------------------	---

	aig àrd-ìre anns a h-uile pìos fiosrachaidh a thèid a-mach bho ATLAS Arts
Gnìomhan a dhìth	1. Lean air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theangairean stèidhichte agus/no barantaichte agus a' cumail ri Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig aithnichte agus a' cleachdadh stòr-dàta Ainmean-Àite na h-Alba, far a bheil sin iomchaidh
Ceann-là Coileanaidh	Leantainneach
Uallach	Rianaire Phrògraman

<b>Toraidhean</b>	<b>Taisbeanaidhean</b> Bu chòir cothroman air taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig a bhith air an sgrùdadh gu cunbhalach.
Gnìomhan a dhìth	1. Brosnachadh luchd-ealain agus luchd-cruthachaidh le Gàidhlig gu for-ghnìomhach gus pròiseactan agus cuirmean a leasachadh anns a' Ghàidhlig agus airson na Gàidhlig. 2. Co-òrdanachadh cruinneachaidhean agus co-labhairtean le luchd-labhairt na Gàidhlig bho ar coimhearsnachdan, gus meòrachadh air àite a' chànan is a' chultair aig an àm seo agus gus cuideachadh le ruigsinneachd
Ceann-là Coileanaidh	Prògram le barrachd thachartasan ceangailte ris a' Ghàidhlig ron Dùbhlachd
Uallach	Riochdaire

## STAFF

<b>Toraidhean</b>	<b>Sgrùdadh taobh a-staigh</b> Dèan sgrùdadh air sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh tro bheatha gach eagan den phlana.
Gnìomhan a dhìth	1. Sgaoil an t-suirbhidh a chaidh a chleachdadh san Iuchar 2022 gus coimeas a dhèanamh eadar comasan agus beachdan rè cuairt-beatha a' phlana seo.
Ceann-là Coileanaidh	An Dùbhlachd 2026
Uallach	Stiùiriche Ealain

<b>Toraidhean</b>	<b>Inntrigeadh agus Trèanadh air Mothachadh na Gàidhlig</b> Tha eòlas air Plana Gàidhlig agus cothroman trèanaidh air fighe a-steach ann an inntrigeadh luchd-obrach ùr.
Gnìomhan a dhìth	1. Bidh mothachadh air ar dleastanas ann a bhith a' toirt taic do chànan is cultar na Gàidhlig na phàirt de phrògram inntrigidh ar luchd-obrach agus gheibh luchd-obrach ùr an cothrom a dhol gu modal Mothachadh Gàidhlig.
Ceann-là Coileanaidh	Leantainneach mar a thig luchd-obrach ùr air bòrd

Uallach	Stiùiriche Ealain
---------	-------------------

<b>Toraidhean</b>	<b>Trèanadh cànan</b> Trèanadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig, air a lìbhrigeadh don luchd-obrach, far a bheil sin iomchaidh.
Gnìomhan a dhìth	Gheibh luchd-obrach agus buill a' Bhùird an cothrom Gàidhlig ionnsachadh tro bhith a' frithealadh chlasaichean agus beagan maoinachaidh cùrsa, a rèir prìomhachasan na buidhne.
Ceann-là Coileanaidh	Leantainneach
Uallach	Stiùiriche Ealain

<b>Toraidhean</b>	<b>A' cleachdadh na Gàidhlig</b> Tha luchd-obrach air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach.
Gnìomhan a dhìth	1. Brosnaich luchd-obrach na tha aca de Ghàidhlig a chleachdadh san àite-obrach 2. Brosnaich iadsan aig a bheil Gàidhlig gus a cleachdadh agus a cur air adhart san àite-obrach agus le luchd-obrach chom-pàirtichean eile
Ceann-là Coileanaidh	Leantainneach
Uallach	Stiùiriche Ealain

<b>Toraidhean</b>	<b>Fastadh</b> Tha sgilean Gàidhlig air an aithneachadh agus air am meas anns a' phròiseas fastaidh air feadh na buidhne.
Gnìomhan a dhìth	1. Bidh sgilean Gàidhlig air an aithneachadh agus air am meas nar pròiseasan fastaidh aig ATLAS Arts. 2. Bidh Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil buannachdail anns a h-uile tuairisgeul obrach againn agus ma lorgar maoinachadh airson dreuchd Riochdaire ùr le Gàidhlig, thèid seo a shanasachadh mar sgil riatanach sa Ghàidhlig. 3. Thèid sanasan fastaidh dà-chànanach a chleachdadh airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.
Ceann-là Coileanaidh	Leantainneach
Uallach	Stiùiriche Ealain

## 5. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM CHOILEANAIDH NÀISEANTA

### TOROIDHEAN NÀISEANTA RIAGHALTAS NA H-ALBA

Mar bhuidheann ealain neo-eisimeileach, chan eil feum no dùil gum bi ATLAS Arts a' coinneachadh no a' co-thaobhadh ri frèaman nàiseanta sònraichte, ge-tà, bha e inntinneach faicinn mar a tha obair ATLAS Arts a' cur taic ri na builean nàiseanta gu h-ìosal:

- cothroman a thoirt dhan a h-uile
- àrdachadh sunnd dhaoine a tha a' fuireach ann an Alba
- cruthachadh fàs seasmhach agus in-ghabhalach
- neo-ionnannachd a lùghdachadh agus an aon chudrom a thoirt do dh'adhartas eaconamach, àrainneachail agus sòisealta

Tha eisimpleirean air mar a tha an obair againn a' cur ri gach buil air am mìneachadh mar a leanas:

**Clann agus Òigridh:** *Thèid ar togail le gaol, le spèis agus gu sàbhailte feuch am bi sinn a' soirbheachadh mar as comasach dhuinn*

Bidh solar Sgoil nan Amannan ri Teachd againn ann an cruth sreath de chruinneachaidhean airson daoine òga aois 16-25 - àite airson smaoineachadh agus freagairtean a chruthachadh do dhùbhlain ionadail agus cruinneil a tha mu choinneamh dhaoine òga.

**Coimhearsnachdan:** *Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, daingeann, sàbhailte agus aig a bheil cumhachd*

Bidh sinn a' leasachadh agus a' ruith thachartasan gu h-ionadail a bhrosnaicheas co-roinneadh bheachdan, eòlas agus smaoineachadh eadar ginealaichean. Am measg eisimpleirean a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid tha am pròiseact togail bhàtaichean - sreath de ghnìomhan a' leantainn gu togail dà sgoth ùr agus ath-shuidheachadh rèis eadar Am Ploc agus Port Rìgh.

**Cultar:** *Tha sinn cruthachail agus thèid ar diofar chultaran brìghmhor a chur an cèill agus bithear a' gabhail tlachd annta gu fad is farsaing*

**Eaconamaidh:** *Tha eaconamaidh againn a tha in-ghabhalach, seasmhach, tionnsgalach agus farpaiseach an lùib eaconamaidh na cruinne*

Bidh sinn a' tasgadh ann an luachan eaconamach stèidhichte air ceartas sòisealta is eag-eòlasach. Bidh sinn a' leasachadh thachartasan, bhùthan-obrach is cho-obrachaidhean a nì na cothroman air dòigh nas fheàrr air an eaconamaidh a shamhlachadh nas fhaicsinniche, agus tha sinn air Manaidsear Eaconamaidhean Eadar-mheasgte fhastadh gus luachan coitcheann, co-obrachadh agus eaconamaidh a tha ag amas air sunnd adhartachadh.

**Foghlam:** *Tha sinn air ar deagh oideachadh, le sàr sgilean agus comasach air pàirt a ghabhail sa chomann-shòisealta*

Bidh sinn a' comasachadh co-roinneadh sgilean is eòlas gu h-ionadail. 'S e deagh eisimpleir a bh' ann am Making Publics Press, a tha na stiùidio airson leabhraichean a dhèanamh, anns a bheil an uidheamachd gu lèir a dh'fheumar gus leabhraichean is foillseachaidhean a



dhealbhadh, a chlà-bhualadh, a cheangal is a ghearradh. Bithear a' cumail làithean fosgailte dà uair sa mhìos airson duine sam bith a tha airson ionnsachadh mar a chleachdas iad an uidheamachd.

**Àrainneachd:** *Tha sinn a' cur luach is a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd agus ga dìon agus a' toirt feabhas oirre*

Bidh na pròiseactan againn uile a' dèiligeadh ri diofar dhòighean air ceangal a dhèanamh ri fearann agus eag-eòlas ionadail. B' e sreath de chòig chuiditean thairis air còig latha a bh' ann an *Land Line* a thug cothrom air leth dhuinn ar dàimh leis an t-sealladh-tìre a sgrùdadh. Air a stiùireadh le Caroline Dear, neach-ealain às an Eilean Sgitheanach, bha co-obraiche sònraichte aig gach fear agus bha iad a' brosnachadh amharc agus còmhradh.

**Fair Work and Business:** *We have thriving and innovative businesses, with quality jobs and fair work for everyone*

Bidh sinn a' brosnachadh pàigheadh cothromach is fad-ùine do luchd-ealain. Tha ar n-obair a' nochdadh raon farsaing de dh'eòlas beò, cleachdaidhean, cruinn-eòlas, agus domhan-leud. Bidh sinn ag obair gus dèanamh cinnteach à co-ionannachd agus a' feuchainn gun a bhith a' càradh rudan – a' cruthachadh àite airson còmhradh, togail coimhearsnachd agus gnìomh tro ealain. Bidh sinn a' brosnachadh fastadh ionadail agus tha sinn sùbailte mar luchd-fastaidh airson dèanamh cinnteach gu bheil na daoine as fheàrr againn anns na h-àiteachan ceart agus a' fuireach anns na suidheachaidhean as fheàrr aca.

**Slàinte:** *Tha sinn fallain agus dèanadach*

Bidh mòran den obair againn a' gabhail àite a-muigh, tro chuiditean, turasan gu raon na mara, togail bhàtaichean, biadh a-muigh is msaa.

**Còraichean Daonna:** *Tha sinn a' toirt spèis do, a' dìon agus a' cur chòraichean daonna an gnìomh agus tha sinn beò gun leth-bhreith*

Bidh sinn a' tabhann thachartasan agus phròiseactan a tha a' greimeachadh air raointean far am faodadh ruigsinneachd a bhith air a cuingealachadh no far a bheil leth-bhreith. Tha seo a' gabhail a-steach obair le daoine òga agus dòigh-obrach air a stiùireadh le com-pàirtichean a ghabhail os làimh nar prògraman foghlaim eile. Bidh am prògram againn san fharsaingeachd a' sgrùdadh bheachdan air iomadalachd agus buinteanas ri diofar rudan. Tha an raon Eaconamaidhean lomadail a rannsachadh mar a dh'fhaodadh sinn ath-structaradh a dhèanamh air na dòighean anns a bheil sinn tighinn beò agus ag obair còmhla gus comann-sòisealta nas cothromaiche a thogail.

**Eadar-nàiseanta:** *Tha sinn fosgailte, ceangailte agus a' cur ri suidheachaidhean eadar-nàiseanta*

'S e taisbeanadh gutha èirigh grèine a-muigh a bh' ann an *Ragadawn*, bho bheul na h-oidhche gu èirigh na grèine. Chaidh a sgrìobhadh ann an dòigh ioma-mhothachail airson dà ghuth (air a labhairt agus air a sheinn), ioma-chànanach agus tro thricead dealanach airson a dhol

còmhla ris agus a' comharrachadh èirigh na grèine. Tharraing an obair air traidiseanan ciùil is litreachais àrsaidh agus co-aimsireil, leithid bàrdachd gaoil *troubadour*, agus aig an aon àm a' dèiligeadh ri sgìrean cànanach na RA agus an Aonaidh Eòrpaich, gu sònraichte cànanan a tha ann an cunnart no a' dol à bith, agus an fheadhainn a tha air ùr nochdadh. Chaidh a chluich an toiseach ann an 2016 mar thaisbeanadh aig Fèis de la Batie (Geneva) agus Fèis Estuary (Southend) agus fhuair e deagh lèirmheasan.

**Bochdainn:** *Bidh sinn a' dèiligeadh ri bochdainn le bhith a' roinn chothroman, beairteas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionann*

Bidh sinn a' togail ghoireasan uidheamachd coimhearsnachd leithid uidheamachd taigh-dhealbh agus goireasan airson dèanamh leabhraichean a gheibhear thuca air stèidh pàigheadh nas urrainn, a' togail sgilean agus eòlas air mar a ruitheas tu tachartasan is pròiseactan gu neo-eisimeileach. Tha na tachartasan againn air an tabhann an-asgaidh gus am bi iad ruigsinneach dhan a h-uile duine agus nach eil airgead na bhacadh air a bhith a' gabhail pàirt anns na cruinneachaidhean againn, na còmhraidhean agus na h-àiteachan againn airson cruthachadh agus meòrachadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Bhuilean Nàiseanta na h-Alba tadhail air <http://www.scotland.gov.uk/About/Performance/scotPerforms/outcome>

## 6. CEANGLAICHEAN IONADAIL AGUS NÀISEANTA

Tha sinn mothachail gu bheil grunn bhuidhnean ag obair gu h-ionadail, a tha an sàs gu dìreach – no gu neo-dhìreach – ri cànan is cultar na Gàidhlig agus bidh sinn ag obair ann an dòigh cho-obrachail leotha, far an gabh sin dèanamh.

Am measg nan com-pàirteachasan soirbheachail a bh' againn roimhe bha am prògram bliadhnail Luchd-ealain air Mhuinntireas le Tobar an Dualchais, a bha fosgailte do luchd-ealain lèirsinneach is fuaim aig an robh ùidh ann an eachdraidh beòil, tasglannan is fuaim. Tha an cùrsa air mhuinntireas seo ag amas air conaltradh brìoghmhor a bhrosnachadh le cultar is dualchas na Gàidhlig, agus freagairtean breithneachail is mac-meanmnach a thogail do dh'eachdraidh iom-fhillteachd is dearbh-aithne chultarail na h-Alba.

Tha sinn mothachail cuideachd gu bheil còmhraidhean a' dol air adhart mu phlana Gàidhlig airson na sgìre, a bharrachd air buidhnean fa-leth, agus bhiodh sinn airson cur ri leithid de phlana cuideachd.

Tha eachdraidh fhada agus cho-roinnte aig an Eilean Sgitheanach, Ratharsair agus Loch Aillse a bhith ag obair còmhla le dòigh smaoineachaidh làidir coimhearsnachd agus feallsanachd de cho-obrachadh, co-roinn agus cuideachadh. Tha sinn cinnteach gun lean seo air adhart tro na planaichean Gàidhlig a thathar a' leasachadh an dà chuid aig ìre bhuidhne agus ionadail, agus tha sinn an dòchas gun urrainn dhuinn buaidh mhath a thoirt air na planaichean sin.

## 7. FOILLSEACHADH

### A' FOILLSEACHADH AGUS A' SGAOILEADH A' PHLANA

#### TAOBH A-STAIGH

Às dèidh an sgrùdaidh air comasan na Gàidhlig am broinn na buidhne, chaidh fo-bhuidheann a stèidheachadh anns an robh buill a' Bhùird agus an Luchd-obrach agus iad an sàs ann an leasachadh a' Phlana. Chaidh cothrom a thoirt don luchd-obrach air fad agus do bhuill a' Bhùird cur ri, agus beachd a thoirt air, na bha sa phlana.

#### TAOBH A-MUIGH

Thèid ar Plana Gàidhlig fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air an sin, bidh sinn:

- a' sgaoleadh fios naidheachd ag ainmeachadh a' phlana
- a' foillseachadh a' Phlana tro dhiofar mheadhanan sòisealta
- a sgaoleadh lethbhreacan gu buidhnean eile, a' mìneachadh an àite a th' acasan ann an libhrigeadh a' phlana
- a' sgaoleadh lethbhreac gu prìomh luchd-ùidh agus buidhnean eile le ùidh sa chùis

## 8. MAOINEACHADH A' PHLANA

Coltach ris a h-uile buidheann eile a gheibh maoinachadh cunbhalach bho Alba Chruthachail, chan eil ATLAS Arts air àrdachadh fhaighinn ann am bun-mhaoineachadh bho 2014. Tha sinn a' leantainn air adhart a' tagradh airson barrachd maoinachaidh bhunaiteach gus taic a thoirt don àrdachadh ann an Tuarastal Beò, ìrean aonadh luchd-ealain, atmhorachd, connadh agus cosgaisean stuthan, a tha sinn air a bhith a' giùlan rè na h-ùine seo agus a tha a' cur barrachd strèan oirnn ann a bhith a' libhrigeadh ar prìomh amasan.

A dh'aindeoin sin, tha sinn a' leantainn air adhart a' cosg an t-uabhas a' feuchainn ri airgead a bharrachd a thogail, agus chaidh maoinachadh fhaighinn gus cuideachadh le leasachadh leabhar chloinne Gàidhlig. Thèid maoinachadh a bharrachd a lorg mar phàirt den ath chuairt de mhaoineachadh cunbhalach Alba Chruthachail (Giblean 2025), gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig freumhaichte nar n-amasan agus gnìomhan, seach a bhith mar smuain a bharrachd. Far a bheil airgead a bharrachd ri fhaighinn, mar eisimpleir tro Bhòrd na Gàidhlig, nì sinn cinnteach gun tèid tagraidhean a dhèanamh a rèir ar prìomhachasan ro-innleachdail.

Thèid beagan atharrachaidhean a dhèanamh air a' bhuidseat bliadhnaile gus na cosgaisean a bharrachd a dh'fheumar airson a' phlana seo a thoirt gu buil, a leithid cosgaisean leasachaidh luchd-obrach airson sgilean Gàidhlig a thogail agus cosgaisean eadar-theangachaidh leantainneach a chosg. Dh'fheumadh pròiseactan sònraichte, ge-tà, a bhith air an solarachadh bhon taobh a-muigh.

## 9. A' CUMAIL SÙIL AIR A' PHLANA

Cuiridh sinn aithisg adhartais don Bhòrd dà thuras gach bliadhna agus thèid aithisg fhiosrachaidh do Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna. Thathas an dùil gun atharraich am Plana rè na 5 bliadhna, agus nì sinn fiughair ri faicinn mar a thèid a leasachadh agus a làimhseachadh anns an ùine sin. Nì sinn cinnteach, tron dòigh-obrach againn nach bi sinn dìreach a' tomhas àireamhan ach gum bi sinn a' meòrachadh agus a' cnuasachadh air buaidhean càileachdail a' Phlana anns na com-pàirteachaidhean agus na còmhraidhean againn.

## 10. AM PLANA GÀIDHLIG – A' CUR AIR BHOG AGUS A' CUMAIL SÙIL

### LÀN-UALLACH AIRSON A' PHLANA

'S ann air an Stiùiriche Ealain a tha an t-uallach deireannach gus am Plana seo a choileanadh. Faodar fios a chur thuca an seo:

Ainslie Roddick  
Stiùiriche Ealain  
ATLAS Arts  
01478 611143  
[ainslie@atlasarts.org.uk](mailto:ainslie@atlasarts.org.uk)

### UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

Bidh e an urra ris an Neach-taic Prògram dèanamh cinnteach gu bheil gnothaichean a' Phlana air an cur an gnìomh gu làitheil agus faodar fios a chur thuca an seo:

Katharine Barrington  
Neach-taic Prògram  
ATLAS Arts  
[katharine@atlasarts.org.uk](mailto:katharine@atlasarts.org.uk)

### BUIDHEANN COILEANAIDH AGUS DEARCNA CHAIDH A' PHLANA

Chaidh fo-bhuidheann a stèidheachadh gus taic a chumail ri obair leasachaidh a' Phlana. Uair 's gun tèid am Plana aontachadh, thèid obair libhrigidh a' Phlana a thomhas leis a' Bhòrd, le taic bhon sgioba. Thèid sùil a chumail air cùisean ach aig an ìre seo cha tèid buidheann a bharrachd a chruthachadh.

### COM-PÀIRTEACHAS SAN SGIоба

Tha an sgioba againn beag is co-obrachail. Chaidh na ciad còmhraidhean mu Phlana Ghàidhlig a chumail aig ìre an sgioba-obrach is ìre a' Bhùird. Chaidh fo-chomataidh a stèidheachadh an uair sin gus am plana a thoirt air adhart le neach bhon taobh a-muigh. Chaidh beachdan a shireadh mu cho cudromach 's a bhiodh a leithid a Phlana mar phàirt de sgrùdadh air comasan Gàidhlig an sgioba is mar a b' urrainnear dèanamh cinnteach gun dèanamaid feum às a leithid. Tha na còmhraidhean sin air a bhith leantainneach mar phàirt

den phròiseas sin. Tha sinn a' miannachadh gum bi am Plana againn brìghmhor, fosgailte dhan a h-uile duine, fillte is le cothrom atharrachadh a rèir nàdar a' Phlana fhèin.

## **BUIDHNEAN LETH-CHEANGAILTE AGUS BUIDHNEAN EILE A THA NAN TREAS PARTAIDH**

Bidh sinn ag obair còmhla ri measgachadh de luchd-ealain, cleasaichean is buidhnean. Tha cuid dhiubh sin ag obair sa Ghàidhlig, mar eisimpleir, Tobar an Dualchais agus Sabhal Mòr Ostaig. Nì sinn ar dìcheall am Plana ainmeachadh agus ar deòin taic a chumail ris a' Ghàidhlig anns na pròiseactan gu lèir. Far a bheil cothrom ann taic a chumail ris a' Ghàidhlig mar phàirt de phròiseact, nì sinn ar dìcheall sin a dhèanamh.

## **CÙL-PHÀIPEAR 1 – SGRÙDADH SGILEAN NA BUIDHNE**

Chaidh suirbhidh In-sgrùdaidh na Gàidhlig a sgaoileadh gu luchd-obrach agus Buill a' Bhùird san Iuchar 2022. B' e seo a' chiad cheum a dh'ionnsaigh leasachadh Plana Gàidhlig airson na buidhne. Tha còignear bhall an-dràsta air sgioba an luchd-obrach agus 10 buill a' Bhùird, le triùir a bharrachd a chaidh fhadhadh o chionn ghoirid. Uile gu lèir, fhuair sinn trì freagairtean deug, a' riochdachadh ìre freagairt fìor àrd de 87%. (100% bhon luchd-obrach agus 77% bhon Bhòrd).

Ged a tha an àireamh de luchd-obrach is buill a' Bhùird aig a bheil comas conaltradh sa Ghàidhlig ìosal, tha e follaiseach gu bheil miann làidir ann airson an cànan ionnsachadh is a' Ghàidhlig fhisge a-steach gu brìghmhor ann am misean is luachan na buidhne, tron Phlana Gàidhlig.

Tha an sgioba mothachail air co-theacsa na Gàidhlig san sgìre a tha tighinn fo sgàil ATLAS Arts, agus gum feum sinn a bhith a' toirt aithne dha na buidhnean Gàidhlig eile, a bharrachd air aithneachadh gum faodadh ATLAS Arts a bhith nas taiceil don luchd-ealain a tha a' cleachdadh agus a' dol an sàs sa Ghàidhlig. Tha diofar adhbharan aig an sgioba air cùl a' cheangail aca ris a' Ghàidhlig agus tha iad a' tuigsinn gum bi daoine a' ceangal ri cànan agus a cultar ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Tha na luachan ann an sgrìobhainn ro-innleachdail ealain ATLAS Arts fhèin air tighinn troimhe gu làidir anns na freagairtean seo, a tha a' cur cuideam air Plana Gàidhlig a bhios brìghmhor, freumhaichte, ruigsinneach dhan a h-uile neach agus a' fàs na nàdar.

- Tha ìre air choireigin de chomas Gàidhlig aig 62% (8), bho bhith a' tuigsinn beagan fhaclan, gu bhith a' cumail còmhradh sa Ghàidhlig. Tha 37% (5) gun Ghàidhlig idir. Chan eil duine fileanta sa Ghàidhlig.
- Tha beagan comais aig 23% (3) ann an Gàidhlig sgrìobhte shìmplidh.
- Tha comas air choireigin aig 46% (6) Gàidhlig shìmplidh a leughadh (bho phostairean, mar eisimpleir).
- Bhiodh ùidh aig 93% (12) ann an cothroman gus an comas Gàidhlig a leasachadh.
- Gu ruige seo, cha robh neach-obrach air trèanadh Mothachadh Gàidhlig sam bith a dhèanamh.
- Chan eil dreuchdan Gàidhlig buannachdail no Gàidhlig riatanach taobh a-staigh na buidhne aig an àm seo.
- Chan eil pròiseasan taobh a-staigh sam bith gan libhrigeadh no gan gabhail os làimh tro mheadhan na Gàidhlig aig an àm seo.

## CÙL-PHÀIPEAR 2 – CO-CHOMHAIRLEACHADH

Chaidh co-chomhairle a chumail le luchd-ùidh na buidhne eadar an t-Samhain 2022 agus deireadh an Fhaoillich 2023. Fhuair sinn beachdan bhon mhòr-chuid agus thugadh fa-near na beachdan agus na molaidhean bhuapa agus chaidh an cur ris a' phlana mar a bha iomchaidh. Taing dhaibhsan a chosg an ùine beachdachadh air an dreachd agus tilleadh le beachdan agus molaidhean cuideachadh. Am measg iadsan a fhuair cuireadh, bha:

Alba Chruthachail

Chrissie NicGillÌosa, Fearann

Coimhearsnachd na h-Alba

Grace Wright, Alumna Sgoil nan Amannan  
rin teachd

Màiri NicGillÌosa, Neach-ealain

Lèirsinneach

Sabhal Mòr Ostaig

Tobar an Dualchais